



# THE UNIVERSITY of EDINBURGH

## Edinburgh Research Explorer

### [Review of] Iain Mac a' Ghobhainn, Na Sgeulachdan Gàidhlig. Iain MacDhòmhnaill agus Moray Watson, deas. Lèirmheas.

**Citation for published version:**

Sneddon, D 2024, '[Review of] Iain Mac a' Ghobhainn, Na Sgeulachdan Gàidhlig. Iain MacDhòmhnaill agus Moray Watson, deas. Lèirmheas.', *Scottish Studies*, vol. 40, pp. 137-138.  
<<http://journals.ed.ac.uk/ScottishStudies/article/view/9330>>

**Link:**

[Link to publication record in Edinburgh Research Explorer](#)

**Document Version:**

Publisher's PDF, also known as Version of record

**Published In:**

Scottish Studies

**General rights**

Copyright for the publications made accessible via the Edinburgh Research Explorer is retained by the author(s) and / or other copyright owners and it is a condition of accessing these publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights.

**Take down policy**

The University of Edinburgh has made every reasonable effort to ensure that Edinburgh Research Explorer content complies with UK legislation. If you believe that the public display of this file breaches copyright please contact [openaccess@ed.ac.uk](mailto:openaccess@ed.ac.uk) providing details, and we will remove access to the work immediately and investigate your claim.



**Iain Mac a' Ghobhainn, *Na Sgeulachdan Gàidhlig*. Iain MacDhòmhnaill agus Moray Watson, deas. Glaschu: Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, 2022. Tdd. 678.**

'S e clach-mhile chudromach ann am foillseachadh rosg Ghàidhlig a th' anns an leabhar tomadach seo. Ann an leabhar tha an luchd-deasachaidh, Iain MacDhòmhnaill agus Moray Watson, a' cruinneachadh airson a' chiad turas na sgeulachdan Gàidhlig gu léir a sgriobh aon de na sgrìobhadairean as cudromaiche a dh'obraich anns a' chànan anns an 20mh linn, Iain Mac a' Ghobhainn. Tha 116 sgeulachdan anns an leabhar, a chaith fhoillseachadh eadar 1953 agus 1999 (bliadhna às dèidh bàs Mhic a' Ghobhainn), a' mhòr-chuid dhiubh ann an leabhairchean nach eil ann an clò tuilleadh, no sgapte ann an irisean agus pàipearan-naidheachd nach eil ri làimh do mhòran (chan eil e cho goireasach a' feuchainn ri *The Scotsman* 3/12/1983 a lorg anns an Leabharlann Nàiseanta ma tha thu airson "Na Gibhtean" a leughadh!). Mar sin, tha e feumail da-rìreadh na sgeulachdan seo uile a bhith againn ann an aon àite.

Tha na sgeulachdan air an òrdachadh a rèir cuspair, seach a rèir òrdugh foillseachaidh, ann an 11 roinnean-seòrsa: Eilthireachd agus Siubhal (14 sgeulachdan); Diomhaireachd agus Sireadh na Fìrinne (16); Foghlam agus Cuimhne (18); Àm Cogaidh (8); Gaol agus Conaltradh (10); Uirsgeul Mac-meanmnach (7); Teaghach (7); Taghadh (7); Ceanglaichean Poilitigeach (6); Dualchas agus Coimhairsnachd (8) agus Sgeulachdan Eile (15). Ann an seòrsachadh mar seo, tha e do-sheachnad gum 'buineadh' sgeul no dhà do chòrr is aon roinn (m.e. chuir an luchd-deasachaidh "Coigreach" anns an roinn "Teaghach", ach faodadh e dhol ann an "Eilthireachd agus Siubhal" ceart cho math), ach 's e roinnean ghoireasach a th' annta gus saothair Mhic a' Ghobhainn eagrachadh, seach roinnean a stiùireas ar tuigse air na sgeulachdan fhèin ann an dùigh ro chumhang is rag. Tha an siostam-òrdachaidh seo a' ciallachadh nach eil an leughadair a' faicinn leasachadh sgrìobhadh Mhic a' Ghobhainn tro thim ma leughas iad an leabhar o cheann gu ceann, ach tha am fiosrachadh uile mu fhoillseachadh nan sgeulachdan anns an leabhar. Mar sin tha e uile gu léir comsach na sgeulachdan a leughadh ann an òrdugh foillseachaidh cuideachd.

Le foillseachadh an leabhair seo, tha e a-nis comasach sealladh fhaighinn air farsaingeachd ficsen Mhic a' Ghobhainn. Dhan fheadhainn a tha air na nobhailean aige a leughadh, no cuid de na sgeulachdan goirid as aithnichte (anns an dà chànan), cha bhiodh e na annas gu bheil cuspairean leithid eilthireachd, buaidh na h-eaglaise air coimhairsnachdan Gàidhealach, foghlam agus litreachas agus cultar clasaigeach na Grèige agus na Ròimhe (m.e. "Air a' Bhus – 2") a' nochdad gu math tric anns a' chruinneachadh seo, cho math ri an spèis a bha aige do sgrìobhadairean sa Bheurla – Shakespeare gu sònraichte, ach cuideachd Defoe agus, mar a dh'innseas tiotal aon sgeulachd dhuinn, Jenkins agus Marlow. Cha robh e riamh diùid ann a bhith a' còmhradh ri cultaran agus litreachasan eile, ged a bha aire cho tric air coimhairsnachdan agus fiosrachadh a mhuinnitir fhèin.

Ach chìtheart cuideachd feartan nach eil cho aithnichte do chuid ann an obair Mhic a' Ghobhainn, leithid sgeulachdan sci-fi agus tachartasan os-nàdarra (m.e. "An Dèidh a' Chogaidh", "An Rionnag"). Faodaidh sinn cuideachd co-mheasadh nas doimhne a dhèanamh air an daimh eadar rosg Beurla agus rosg Gàidhlig Mhic a' Ghobhainn, an dà chuid a thaobh caractair agus sgeulachd (m.e. on a tha Mgr Trill a' nochdad ann an sgeulachdan san dà chànan) agus a thaobh stoidhle, on a tha a rosg Gàidhlig fada nas simplidh agus lom na tha a chuid roisg sa Bheurla (ged nach eil sin a' ciallachadh idir gu bheil na sgeulachdan fhèin simplidh, no bheil gainnead brighe annta!). Mar sin, 's e ceum air adhart ann an sgoilearachd litreachas na Gàidhlig a th' anns an leabhar seo, agus bidh e nas phasa rannsachadh – agus teagasg – a dhèanamh air ficsen Mhic a' Ghobhainn a-nis na bha e roimhe, agus an goireas feumail a-nis ri làimh.

A bharrachd air na sgeulachdan fhèin, tha rudan eile anns an leabhar seo a bhios gu feum do luchd-rannsachaidh agus dhan fheadhainn a tha airson tuigse nas doimhne air obair Mhic a' Ghobhainn a bhith aca: fiosrachadh foillseachadh nan sgeulachdan (air an tug mi iomradh shuas), fiosrachadh foillseachadh leabhairchean Gàidhlig Mhic a' Ghobhainn gu léir (sgeulachdan goirid, duanairean, dealbhan-chluiche, leabhairchean do chloinn agus do dh'òigridh), agus dà aiste leis an luchd-deasachaidh. Tha an dà chuid le chèile susbainteach agus fiosrachail, "Iain Mac a' Ghobhainn:

An Duine agus an Sgriobhadair” (38 tdd.), le Iain MacDhòmhnaill agus “Am Bodach agus An Guth: A’ tuigsinn sgeulachdan goirid Iain Mhic a’ Ghobhainn” (48 tdd.), le Moray Watson.

Tha MacDhòmhnaill a’ toirt cunntais air beatha Mhic a’ Ghobhainn, le tuairisgeul goirid air na cruinneachaidhean de sgeulachdan goirid: *Bùrn is Aran* (1960), *An Dubh is an Gorm* (1963), *Maighstirean is Ministearan* (1970), *An t-Adhar Ameireaganach* (1973), *Na Guthan* (1991) agus na sgeulachdan nach do nochd ann an leabhar, seach irisean agus pàipearan-naidheachd, thuige seo. Tha e ag innse cuideachd mu na feartan sònraichte ann am ficsean Mhic a’ Ghobhainn, gu h-àraidh “cion conaltraidh, cion tuigse air a chèile, cion eòlas air beatha a chèile, no beachdan làidir glè eadar-dhealaichte, a’ sgaradh dhaoine o chèile” (td. 35). Tha iomradh ann cuideachd air cliù Mhic a’ Ghobhainn an dà chuid ann an Albainn (tdd. 4–5) agus gu h-eadar-nàiseanta (tdd. 5–8), rud nach eil cho aithnichte ann an Albainn. Chì sinn ann fiosrachadh mu na duaisean a chaidh a bhualeachadh air, cuiridhean a fhuair e gu fèisean litreachais thall-thairis, eadar-theangaidhean a chuid obrach ann an cànan eile: Fraingis, Pòlanais, Nirribhis, Gearmaitis, Ungairis, Eadaitis, Gaeilge, Cuimris. Tha iomradh ann cuideach air obair sgoileireil air rosg agus bàrdachd Mhic a’ Ghobhainn le sgoilearan ann an caochladh dhùthchannan. San aiste aige-san, tha Watson a’ sgrùdadh chan ann a-mhain na h-iomhaighean agus moitifean ann am ficsean (agus bàrdachd) Mhic a’ Ghobhainn, ach cuideachd a’ nochdadhbh na cudromachd a tha aige ann an eachdraidh litreachas na Gàidhlig, on as e “is dòcha a’ chiad neach a dh’fhoillsich sgeulachdan goirid ùr-nòsach sa Ghàidhlig, agus tha e coltach gun do dh’fhoillsich e barrachd dhiubh na duine eile a-riamh.” (td. 39) Air sgàth sin, tha an leabhar seo na ghoireas air leth do sgoilearan a tha a’ rannsachadh litreachas na Gàidhlig, litreachas a fhuair buannachd neach beag bho sgiobhaidhean Mhic a’ Ghobhainn.

Tha an luchd-deasachaiddh airidh air moladh airson na h-obrach a rinn iad, a’ toirt còmhla agus gu follais farsaingeachd cho mòr de na sgiobhaidhean aig Iain Mac a’ Ghobhainn, agus thathas an dùil gun tig adhartas ann an sgoilearachd air Mac a’ Ghobhainn anns na bliadhnaichean a tha romhainn mar thoradh air sin.

#### Summary:

*The publication of this comprehensive collection of Iain Crichton Smith’s Gaelic short stories marks an important step forward in modern Gaelic literary scholarship, making available much that has been long uncollected and/or out of print. This publication will enable scholars to gain a more rounded and thorough appreciation of the work of one of Scotland’s most prominent twentieth-century writers, whose Gaelic work connects with and diverges from his fiction in English in different ways.*

DONNCHADH SNEDDON

#### Two books of Irish Interest

**Conamara Chronicles: Tales from Iorras Aithneach**, compiled by Seán Mac Giollarnáth. Liam Mac Con Iomaire and Tim Robinson, trans. Bloomington, IN: Indiana University Press, 2022. ISBN 978-0-253-06352-6 (pbk). Pp. xx+309; maps, illus.

Iorras Aithneach, a peninsula located between Cuan Chill Chiaráin (‘Kilkerrin Bay’) and Cuan na Beirtrí (‘Bertraghboy Bay’) at the southwestern extremity of Co. Galway, is – or was until modernity caught up with it – one of the principal redoubts of traditional oral culture in Ireland. *Annála Beaga ó Iorras Aithneach*, published in 1941, was Seán Mac Giollarnáth’s largest collection of oral history and traditional lore from this small area. Given the scarcity of the original publication, its re-emergence here, in translation, is very welcome.

Seán Mac Giollarnáth (Seán Forde, 1880–1970) was a native of east Co. Galway. Having joined the Gaelic League and the Irish Republican Brotherhood during a stay in London, he embarked on a career in journalism and in 1909 succeeded Pádraic Pearse as editor of the influential Irish-language